

Cuspair Clàir- ghnothaich	4
Air. Aithisge	G/1/20

**COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD
HIGHLAND COUNCIL**

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 3 Lùnastal 2020

Tìotal Aithisge: Dreuchd agus Raon-ùghdarras Chomataidh na Gàidhlig

Aithisg le: Prìomh Oifigear Gnìomhach Coileanadh agus Riaghlachais

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Anns an Dùbhlachd 2019, dh'aontaich a' Chomhairle gun deigheadh comataidh ro-innleachdail ùr a stèidheachadh agus, an cois seo, atharrachaidhean dhan Sgeama Thiomnaidh. Bhathar an dùil coinneamh choisrigidh na Comataidh Gàidhlig a chumail na bu tràithe air a' bhliadhna seo. Ach, air sgàth Covid-19, chuireadh a' choinneamh dheth agus mar sin 's e seo ciad choinneamh na Comataidh agus tha an aithisg a leanas a' toirt mion-fhiosrachadh mu dhreuchd agus raon-ùghdarras na comataidh gus cothrom beachdachaidh a thoirt do Bhuill.

1.2 Ged a tha an aithisg seo a' mìneachadh nan nithean air am bi a' chomataidh a' breithneachadh gu coitcheann, 's e coinneamh stèidheachaidh a tha sa chiad choinneamh gus ballrachd, dreuchd agus raon-ùghdarras na Comataidh aontachadh agus beachdachadh air dòigh-obrach gus plana-obrach na Comataidh a leasachadh. A bharrachd, bidh cunntas às ùr mu Phlana Cànan 3 Chomhairle na Gàidhealtachd air a thoirt seachad dhan chiad Chomataidh. Thig raon-ùghdarras iomlan na comataidh, a' gabhail a-steach sgrùdadh bhuidseatan & caiteachais, leasachadh poileasaidh agus coileanadh air adhart ann an coinneamhan ri teachd.

2. Moladh

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill beachdachadh air an aithisg a leanas agus na leanas aontachadh:

- i. na riatanasan aithris mar a thathar a' mìneachadh ann an Earrainn 4; agus
- ii. an raon-ùghdarras sònraichte mar a thathar a' mìneachadh ann an Earrainn 5.

3. Seaghan

- 3.1 Chan eil seaghan goireis, coimhearsnachd, gnàth-shìde, no cunnairt a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.
- 3.2 Laghail: Tha Comhairle na Gàidhealtachd air a h-ainm a chur ri Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba. Tha e mar riatanas gun cuir a' Chomhairle am Plana aice fhèin an gnìomh agus gun toir i cunntas cunbhalach air adhartas ann a bhith a' dèanamh seo.
- 3.3 A' Ghàidhlig: Thathar an dùil, le bhith a' cur comataidh fhoirmeil an àite Buidheann Buileachaidh na Gàidhlig, gun àrdaichear ìomhaigh agus follaiseachd na Gàidhlig anns a' bhuidhinn agus gun daingnich seo an gealltanais a tha a' Chomhairle air a thoirt seachad a thaobh a bhith a' brosnachadh is a' neartachadh cànan is cultar na Gàidhlig air feadh na buidhne agus air feadh sgìre na Gàidhealtachd.

4. Geàrr-chunntas

- 4.1 Tha an liosta a leanas a' toirt geàrr-chunntas air na raointean air am beachdaich Comataidhean Comhairle uile thar grunn chuirtean comataidh, le rùn aithisgean a libhrigeadh gach cairteal far a bheil sin iomchaidh. Thathar an dùil gun dèan Comataidh na Gàidhlig sin cuideachd.
 - Cumail sùil air buidseat agus sgrùdadh buidseit*
 - Aithris coileanaidh/gach cairteal agus riatanasan aithris reachdail
 - Ath-sgrùdadh air sgrùdaidhean bhon taobh a-muigh
 - Leasachadh poileasaidh
 - Freagairtean do cho-chomhairlean bhon taobh a-muigh
 - Freagairtean do dh'atharrachaidhean Reachdail/Riaghailteach

5. Obraichean sònraichte Comataidh mar a thathar a' mìneachadh anns an Sgeama Thiomnaidh

- 5.1 Tha an Sgeama Tiomnaidh, a dh'aontaicheadh leis a' Chomhairle anns an Dùbhlachd 2019, a' mìneachadh raointean-ùghdarras sònraichte nan comataidhean ro-innleachdail ùra air fad. Tha raon-ùghdarras Comataidh na Gàidhlig fhathast ri chur ris an Sgeama gus am bi cothrom aig buill ùra na Comataidh beachdachadh air a seo agus na bu chòir a bhith ann aontachadh. Mar sin, tha na leanas a' mìneachadh dhleastanasan coitcheann agus sònraichte airson deasbad agus aonta.

Coitcheann:

- Brosnachadh agus taic a thoirt do chànan, dualchas agus cultar dùthchasail na Gàidhealtachd agus sùil a chumail air mar a thathar a' cur Plana Gàidhlig na Comhairle an gnìomh.

Sònraichte:

- Mar a thathar a' cur Plana Gàidhlig na Comhairle an gnìomh a sgrùdadh agus a bhrosnachadh, a' gabhail a-steach mar a thathar a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig.
- Ceangal a chumail le Bòrd na Gàidhlig mu leasachadh ro-innleachdail cànan na Gàidhlig.

- Obrachadh còmhla ri buidhnean leasachaidh Gàidhlig ann a bhith a' brosnachadh, a' leasachadh agus a' cumail suas cànan, dualchas agus cultar na Gàidhlig anns a' Ghàidhealtachd.
- Obrachadh còmhla ri Riaghaltas na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba a thaobh reachdas a' buntainn ri cànan na Gàidhlig.
- Sùil a chumail air seaghan reachdais a thaobh cànan na Gàidhlig agus comhairle a thoirt dhan Chomhairle mun bhuidhe aig an reachdas air feadh na Gàidhealtachd.
- Sgrùdadh buidseit a thaobh maoineachadh, tabhartasan agus caiteachas* a tha *gu sònraichte airson na Gàidhlig*.

Riaghlachas

- Thèid gearr-chunntasan na Comataidh a chur air adhart chun na Comhairle lomain.

6. Plana Obrach na Comataidh

- 6.1 Thathar an dùil sreath de sheiseanan conaltraidh a chur air dòigh le luchd-ùidh bhon taobh a-staigh agus bhon taobh a-muigh anns na seachdainean a tha romhainn gus prìomhachasan na Comataidh a dheasbaireachd agus aontachadh. Thèid dreachd phlana-obrach a thoirt chun na h-ath choinneimh aig Comataidh na Gàidhlig air 21 Dàmhair 2020.

7. Fo-Chomataidhean agus Buidhnean Obrach

- 7.1 Mar a dh'aontaich a' Chomhairle san Dùbhlachd 2019, feumaidh adhbhar, raon-ùghdarras agus cumhachan iomraidh aontaichte a bhith aig buidhnean-obrach foirmeil no bùird sam bith a bhios a' toirt cunntas do Chomataidhean no dhan Chomhairle, agus fios mun ùine a thathar a' moladh. A bharrachd air a bhith a' cur gearr-chunntasan a-steach chun na comataidh pàrantail, feumaidh fo-chomataidhean foirmeil aithisg bhliadhnail a chur a-steach chun na Comhairle.

8. Mion-atharrachaidhean do dhreuchd agus raon-ùghdarras Chomataidhean Ro-innleachdail

- 8.1 Seach gu bheil a' Chomataidh air a h-ùr stèidheachadh, bidh cothrom ann atharrachaidhean a chur a-steach gu Sgeama Tiomnaidh na Comhairle san Dùbhlachd 2020 gus ùine a thoirt do Bhuill agus oifigearan breithneachadh air obair nan Comataidhean ùra agus mion-atharrachaidhean sam bith, a thathar a' meas iomchaidh, a dhèanamh.

Ainmeachadh: Prìomh Oifigear Gnìomhach Coileanaidh agus Riaghlachais

Ceann-latha: 14 Iuchar 2020

Ùghdar: Kate Lackie, Fòn (01463) 702041